



Sònrachadh Cùrsa
Àrd-ìre
Adhartach



Matamataig - An Àrd Ìre Adhartach Sònrachadh Cùrsa

Dligheach on Lùnastal, 2015

An deasachadh seo: An Giblean, 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu lèir no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim air chùmhnannt nach dèanar prothaid às an ath-riochdachadh; ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, bu chòir creideas a thoirt don tùs. Faodar an tuilleadh lethbhreacan den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdachadh a-nuas on làrach-lìn aig an SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir sùil air iomradh nan atharrachaidhean a tha ri fhaighinn aig deireadh an t-Sònrachadh Cùrsa seo airson fiosrachadh air atharrachaidhean on dreach a thàinig roimhe (far a bheil sin iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Geàrr-iomradh a' Chùrsa

Tìotal a' chùrsa: Matamataig – An Àrd Ìre Adhartach

SCQF: Ìre 7 (32 puingean-creideis SCQF)

Còd a' chùrsa: ri fhoillseachadh fhathast

Aonadan Riatanach

**Modhan-obrach ann an Ailseabra agus Calculus
(An Àrd Ìre Adhartach)**

8 puingean-creideis SCQF

**A' cleachdadh Ailseabra agus Calculus
(An Àrd Ìre Adhartach)**

8 puingean-creideis SCQF

**Geoimeatraidh, Dearbhadh agus Siostaman Cho-aontaran
(An Àrd Ìre Adhartach)**

8 puingean-creideis SCQF

Measadh a' chùrsa

8 puingean-creideis SCQF

Anns a' Chùrsa seo tha ochd puingean-creideis SCQF airson tuilleadh ùine a thoirt seachad nuair a thathar a' dèanamh deiseil airson measadh a' Chùrsa. An cois measadh a' Chùrsa tha an luach a bharrachd a th' aig a' Chùrsa. Tha an tuilleadh fiosrachaidh air measadh a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an roinn a' Mheasaidh.

Ìre tòiseachaidh air a mholadh

Gheibhear a-steach don Chùrsa le cead an ionaid. Ach, mar as trice, thathar an dùil gum bi an luchd-ionnsachaidh air na sgilean, am fiosrachadh agus an tuigse fhaighinn a thig an cois nan teisteanasan a leanas (no co-ionann) agus/no an cois eòlais ro-làimh:

- ◆ Cùrsa Matamataig – An Àrd Ìre Adhartach

Adhartas

Dh'fhaodadh an cùrsa seo no na h-Aonadan aige adhartas a thoirt gu ruige:

- ◆ teisteanasan eile ann am Matamataig no ann an raointean eile
- ◆ an tuilleadh ionnsachaidh, cosnaidh agus/no trèanaidh

Tha an tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn ann an roinn na Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Chaidh Sònrachadh a' Chùrsa seo a dhealbh air a leithid de dhòigh 's nach biodh bacaidhean neo-riatanach sam bith air ionnsachadh no air measadh. Bu chòir feumalachdan pearsanta an luchd-ionnsachaidh a bhith air an toirt fa-near nuair a thathar a' cur air dòigh gnothaichean ionnsachaidh, a' taghadh modhan measaidh no a' gabhail beachd air teisteanas eile. Airson tuilleadh fiosrachaidh, thoir sùil air *Notaichean-taic a' Chùrsa* agus air *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha luachan, amasan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais rim faighinn an lùib nan Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte gu lèir. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, a' toirt tuilleadh ùine airson ionnsachadh, a' cur barrachd cuideam air sgilean agus air ionnsachadh gnìomhach, agus cothrom air gnothaichean sa bheil ùidh aig oileanach 's air roghainn.

Anns a' Chùrsa seo agus na dhiofar phàirtean is aonadan, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air mar a thèid na sgilean sin a chur an gnìomh. Bidh modhan measaidh co-roinneil, iomchaidh airson an amais, agus brosnachaidh iad sàr chleachdadh, a' toirt a' chothruim as fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman don luchd-ionnsachaidh airson cumail a' dol le bhith a' togail is a' leasachadh nam feartan is nan cothroman anns na ceithir roinnean, a bharrachd air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Tha na Cùrsaichean uile a' toirt chothroman don luchd-ionnsachaidh leud, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh cuideam agus cothrom a' mheasaidh a' dol a rèir a' chuspair.

Co-cheangal eadar an Cùrsa agus luachan, amasan is prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais

Tha matamataig cudromach anns a' bheatha làitheil, a' leigeil leinn tuigsinn mar a tha an saoghal timcheall oirnn agus sinn a' cumail rian air ar beatha. Le bhith a' cleachdadh matamataig, thèid againn air sgrùdadh a dhèanamh air suidheachaidhean cumanta, làitheil, agus sinn a' dèanamh cho-cheanglaichean agus a' sealltainn ri tuairmeas fiosraichte. Tha e gar n-uidheamachadh leis na sgilean a dh'fheumas sinn airson fiosrachadh eadar-mhìneachadh agus a mhion-sgrùdadh, ceistean a shìmpleachadh is fhuasgladh, cunnart a mheasadh agus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh.

On a tha matamataig brosnachail is inntinneach, tha e na adhbhar togail is ùidh don luchd-ionnsachaidh air fad, ge bith dè an aois a tha iad, dè na gnothaichean anns a bheil ùidh aca no ge bith dè cho comasach 's a tha iad. Tha ionnsachadh ann am matamataig a' dèanamh leasachadh air reusanachadh loidsigeach, mion-sgrùdadh, sgilean fuasgladh-cheistean, comas cruthachail agus an comas air beachd-smuaineachadh ann an dòighean eas-chruthach. Tha e a' cleachdadh cànan uile-choitcheann de dh'àireamhan is de shamhlaidhean, rud a tha a' leigeil leinn beachd-smuaintean a dhearbhadh 's a sgaoileadh ann an dòigh a tha sgiobalta, aon-seaghach agus deatamach.

Tha matamataig gar n-uidheamachadh le mòran de na sgilean a tha riatanach sa bheatha seo, agus a tha riatanach ann an ionnsachadh agus ann an obair. Tha e fìor chudromach gun tuigeamaid cho mòr 's a tha an t-àite a th' aig matamataig anns a h-uile pàirt de ar beatha, cha mhòr. Tha seo a' daingneachadh mar a dh'fheumas àite cudromach a bhith aig matamataig ann am foghlam fad-beatha, agus tuigse a bhith againn air a' bheairteas a tha co-cheangailte ris.

Tha an Cùrsa seo a' leigeil leis an luchd-ionnsachaidh greimeachadh air feartan agus comasan nan ceithir comasachdan is an leasachadh. Mar eisimpleir, tha soirbheachadh ann an ionnsachadh agus obair mhatamataigeach ag adhbhrachadh

barrachd misneachd a bhith aig neach. Mas urrainn dha beachdachadh gu loidsigeach, tha e na chuideachadh do neach a bhith na shaoranach ciallach, agus tha e cuideachd na chuideachadh dha mas urrainn dha gnothaichean matamataigeach a thuigsinn, a chleachdadh agus a chur an cèill.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Tha matamataig gar cuideachadh gu bhith a' tuigsinn an t-saoghail a tha timcheall oirnn. Bidh e a' dèanamh rannsachadh air co-cheanglaichean, pàtranan, dearbhaidhean agus feartan àireamhan. Tha matamataig a' gabhail ri modh-obrach ann an seagh rianail; tha e air a stèidheachadh air òrdugh 's air teirmean agus modhan-obrach a th' air an dealbh gu faiceallach. Faodar matamataig a chleachdadh airson sgrùdadh a dhèanamh air suidheachaidhean cumanta làitheil agus faodaidh e ar n-uidheamachadh leis na sgilean a dh'fheumas sinn airson fiosrachadh eadar-mhìneachadh 's a sgrùdadh, ceistean a shìmpleachadh is fhuasgladh, cunnart a mheasadh agus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh. Aig An Àrd Ìre Adhartaich, tha Matamataig na bhunait airson iomadh leasachadh anns na saidheansan is ann an teicneòlas a bharrachd air an luach a tha sa chuspair fhèin.

Tha an Cùrsa seo air a dhealbh airson brosnachadh, togradh is dùbhlán a thoirt don luchd-ionnsachaidh le bhith ga dhèanamh comasach dhaibh a bhith:

- ◆ a' taghadh 's a' cleachdadh mhodhan-obrach fillte matamataigeach ann an caochladh shuidheachaidhean matamataigeach, an dà chuid practaigeach agus eas-chruthach.
- ◆ a' leudachadh 's a' cleachdadh sgilean an lùib fhuasgladh cheistean agus smaoinachadh loidsigeach.
- ◆ a' leudachadh sgilean an lùib a bhith ag eadar-mhìneachadh, a' mion-sgrùdadh, a' conaltradh agus a' manaidseadh fiosrachadh ann an riochd matamataigeach, a bharrachd air a bhith a' lorg mhodhan-obrach nas adhartaiche.
- ◆ a' soilleireachadh smaoinachadh an lùib a bhith a' dèanamh dearbhadh mionaideach.

Tha an Cùrsa a' dèanamh leasachadh is leudachadh air grunn sgilean matamataigeach. Tha e a' leigeil leis an neach-ionnsachaidh tuilleadh sgilean ann an calculus 's ann an ailseabra a leasachadh. Tha raointean mar teòiridh àireamhachd (a tha gar cuideachadh an t-eadar-lìon a chumail sàbhailte), àireamhan fillte (a tha air an cleachdadh sa h-uile h-àite, eadar fhuasgladh cho-aontaran agus a' toirt cunntas air cuairt eileagtronaigeach) agus meatragsan (air an cleachdadh ann an teòiridh gheamannan agus eaconamachd) air an toirt a-steach. Bidh eisimpleirean de dhearbhadh mionaideach cuideachd na bhuannachd do smaoinachadh matamataigeach an neach-ionnsachaidh.

Fiosrachadh air an luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh an Cùrsa a dhèanamh

Tha an Cùrsa seo freagarrach don luchd-ionnsachaidh a rinn an gnothach, le cinnt, air Cùrsa Matamataig na h-Àrd Ìre no air teisteanas eile a tha co-ionann.

Nì an luchd-ionnsachaidh leasachadh air sgilean co-cheangailte ri bhith a' taghadh agus a' cleachdadh mhodhan-obrach fillte matamataigeach ann an caochladh shuidheachaidhean far a bheil eòlas air matamataig riatanach. Bheir na sgilean sin an neach air adhart gu bhith an sàs ann an tuilleadh ionnsachaidh agus ann an cosnadh. Bidh susbaint eas-chruthach a' Chùrsa na buannachd mhòr do dh'oileanaich a tha ag iarraidh dreuchd a leantainn ann am matamataig a-mhàin; bidh na nithean practaigeach co-cheangailte ris a' Chùrsa nam buannachd dhaibhsan a tha am beachd fear de na cùrsaichean a dhèanamh anns a bheilear a' cur feum air matamataig.

Nuair a tha an Cùrsa air a chrìochnachadh gu soirbheachail, dh'fhaodadh an luchd-ionnsachaidh a dhol air adhart gu cùrsa ann am foghlam aig àrd ìre, leithid ceum no Dioplòma Nàiseanta Àrd Ìre. Dh'fhaodadh iad sin a bhith ann am matamataig no ann an co-cheangailte ri matamataig. 'S iomadh dreuchd anns a bheil sgilean matamataig cudromach, agus bhiodh an ìre seo feumail ann an raointean co-cheangailte ri saidheans, einnseanaireachd agus teicneòlas, tro bhith a' cur an gnìomh feallsanachd matamataig. Tha nithean iomchaidh ann an teicneòlas coimpiutaireachd, tèarainteachd inchrìoptaidh, dealbhadh uidheim, agus ann a bhith a' dealbh is a' dèanamh mion-sgrùdadh air dearbhaidhean is deuchainnean. Tha feum air feadh roinn nan seirbheisean ionmhais, leithid eaconamachd, cunntasachd agus ann an obair actuèiriail.

Structar a' Chùrsa agus cùmhachan teisteanais

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh, daingnichidh agus leudaichidh an Cùrsa seo na sgilean matamataigeach a tha riatanach aig an ìre seo agus air thoiseach.

Bidh an luchd-ionnsachaidh a' togail agus a' cleachdadh nan sgilean obrachaidh a tha riatanach airson rannsachadh a dhèanamh air gnothaichean matamataigeach a tha nas fhillte. A bharrachd air a sin, nì an luchd-ionnsachaidh leasachadh air sgilean reusanachaidh matamataigeach agus gheibh iad eòlas air smaoineachadh loidsigeach agus air modhan dearbhaidh.

Anns a' Chùrsa Matamataig aig An Àrd Ìre Adhartaich tha na trì Aonadan le, uile-gu-lèir, 24 puingean creideis SCQF. A bharrachd air a seo, tha ochd puingean creideis SCQF eile, agus bheir iad seo an cothrom do raon nas fharsainge de mhodhan ionnsachaidh is teagaisg a bhith air an cleachdadh, maille ri daingneachadh ann an ionnsachadh, amaladh agus ann an deasachadh airson measadh bhon taobh a-muigh.

'S e iomraidhean air ìrean airson measadh a th' anns na h-aonadan; chan e prògraman a th' anna airson ionnsachadh is teagasg. Faodar an libhrigeadh air caochladh dhòighean.

Modhan-obrach ann an Ailseabra 's ann an Calculus (An Àrd Ìre Adhartach)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid eòlas agus sgilean adhartach ann an ailseabra 's ann an calculus a leasachadh; nithean a chleachdar ann an suidheachaidhean practaigeach is eas-chruthach airson fiosrachadh a làimhseachadh ann an riochd matamataigeach. An cois nam builean tha bloighean pàirteach, cleachdaidhean coitcheann an dà chuid do calculus diofarail agus calculus amalachaidh, a bharrachd air modhan airson an dà chuid co-aontaran diofarail den chiad òrdugh 's den dàrna h-òrdugh fhuasgladh. Air feadh an Aonaid, thathar a' cur cuideam air cho riatanach 's a tha smaoineachadh loidsigeach agus dearbhadh.

A' cleachdadh Ailseabra is Calculus (An Àrd Ìre Adhartach)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid eòlas agus sgilean adhartach a leasachadh; nithean a tha co-cheangailte ri bhith a' cur an gnìomh ailseabra is calculus ann an suidheachaidhean làitheil, nàdarra agus matamataigeach, le nithean co-cheangailte ri bhith a' cur an gnìomh geoimeatraidh cuideachd na chois. Togaidh an luchd-ionnsachaidh sgilean ann a bhith ag eadar-mhìneachadh 's a' dèanamh mion-sgrùdadh air suidheachaidhean fillte far am faodar na sgilean sin a chleachdadh. Am measg nam builean tha an teoram abairtean dà-thearmach, ailseabra àireamhan fillte, na feartan aig fuincseanan, agus reataichean atharrachaidh. Bheirear iomradh air òrdughan 's air sreathan, le sùimeannan, 's iad air an dearbhadh le co-inntrigeadh.

Geoimeatraidh, Dearbhadh agus Siostaman Cho-aontaran (An Àrd Ìre Adhartach)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid eòlas agus sgilean adhartach a leasachadh ann an nithean a tha co-cheangailte ri geoimeatraidh, àireamh is ailseabra, agus a bhith a' dèanamh sgrùdadh air an dlùth-cheangal a tha eatarra. Nì an luchd-ionnsachaidh leasachadh air sgilean co-cheangailte ri smaoineachadh loidsigeach. Am measg nam builean tha meatragsan, bheactoran, fuasgladh siostaman cho-aontaran, geoimeatraidh àireamhan fillte, a bharrachd air modhan-obrachaidh de dhearbhadh mionaideach.

Cùmhachan teisteanais

Airson teisteanas a' Chùrsa a chosnadh, feumaidh an neach-ionnsachaidh an gnothach a dhèanamh air na h-Aonadan air fad, a bharrachd air measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an geàrr-iomradh a' Chùrsa. Bidh measadh a' Chùrsa na bhunait airson nan ìrean a tha an cois teisteanas a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh air measadh sgilean, eòlas agus air tuigse a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha cunntas farsaing air na sgilean-cuspair, eòlas agus tuigse a tha riatanach agus air an tèid measadh a dhèanamh anns a' Chùrsa anns an earrainn seo.

An cois seo, tha:

- ◆ an comas air sgilean reusanachaidh matamataigeach a chleachdadh a chum a bhith a' smaoinichadh gu loidsigeach, a' toirt seachad mìneachadh air gnothach agus a' fuasgladh cheistean
- ◆ eòlas is tuigse air raon de chuspairean fillte
- ◆ an comas air sgilean obrachaidh fillte a thaghadh 's a chur an gnìomh
- ◆ an comas air sgilean reusanachaidh a chleachdadh airson fiosrachadh eadar-mhìneachadh agus airson eisimpleirean fillte matamataigeach a chleachdadh
- ◆ an comas air fuasglaidhean a thoirt seachad gu h-èifeachdach ann an caochladh cho-theacsaichean
- ◆ an comas air cuspairean a mhìneachadh tro dhearbhadh mionaideach
- ◆ an comas air smaoinichadh gu cruthachail

Bidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a bhios an cois a' Chùrsa a' dol a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air feartan, is air mar a thathar an dùil a choileanas oileanaich aig gach ìre SCQF, ann an sònrachadh gach ìre aig SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh air measadh a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*; ann an seo tha fiosrachadh mionaideach agus comhairle air mar a thèid breithneachadh a dhèanamh air mar a chaidh don neach-ionnsachadh air a' Chùrsa.

Measadh aonaid

Tha na h-Aonadan gu lèir air am measadh taobh a-staigh an ionaid a rèir nam feumalachdan a tha rim faighinn anns an *t-Sònrachadh Aonaid*.

Faodaidh iad a bhith air am measadh air bunait Aonad-air-Aonad no le co-mheasadh.

Thèid measadh a dhèanamh orra air bunait pasaigidh/fàilligidh taobh a-staigh nan ionadan fhèin. Bidh dearbhachd mhionaideach on taobh a-muigh ri fhaighinn bho SQA. An cois sin bidh dearbhadh ga dhèanamh air an taobh a-muigh airson dèanamh cinnteach gu bheil breithneachadh measaidh a' dol a rèir nan ìrean nàiseanta.

Bidh measadh Aonadan a' Chùrsa seo mar a leanas:

Modhan-obrach ann an Ailseabra agus Calculus (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- * sgilean obrachaidh matamataigeach co-cheangailte ri modhan ann an ailseabra is calculus a chleachdadh

Cleachdadh Ailseabra is Calculus (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- * sgilean obrachaidh matamataigeach co-cheangailte ri cur-an-sàs ailseabra is calculus a chleachdadh
- * sgilean reusanachaidh matamataigeach co-cheangailte ri cur-an-sàs ailseabra is calculus a chleachdadh

Geoimeatraidh, Dearbhadh agus Siostaman Cho-aontaran (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- * sgilean obrachaidh matamataigeach co-cheangailte ri geoimeatraidh, dearbhadh agus siostaman cho-aontaran a chleachdadh
- * sgilean reusanachaidh matamataigeach co-cheangailte ri geoimeatraidh, dearbhadh agus siostaman cho-aontaran a chleachdadh

Tha eisimpleirean air mar a dh'fhaodar dèiligeadh ri measadh nan Aonadan seo rim faighinn ann an *Goireas Measaidh Nàiseanta*.

Measadh a' Chùrsa

An cois nan Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 chun na h-Àrd Ìre Adhartaich tha measadh [luach a bharrachd](#)¹ Aig Nàiseanta 5, aig an Àrd Ìre 's aig An Àrd Ìre Adhartach, thèid an luach a bharrachd a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach a bharrachd airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa, mar a tha iad air am mìneachadh ann am feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon nì co-dhiù a tha co-cheangailte ri leud, dùbhlán agus cur-an-sàs.

Ann an Cùrsa na h-Àrd Ìre Adhartaich ann am Matamataig, bidh luach a bharrachd air a chur air:

- ◆ leud
- ◆ dùbhlán
- ◆ cur-an-sàs

A bharrachd air a bhith gan cur an sàs, nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh is adhartas air na sgilean a dh'ionnsaich iad air a' Chùrsa. Thèid seo a mheasadh an cois [pàipear-cheistean](#)², far am feum teisteanas a bhith air a thaisbeanadh air an eòlas, na sgilean 's air an tuigse a chaidh a thogail tarsainn air na h-Aonadan agus mar a thèid an cur an sàs ann an co-theacsaichean annasach agus/no ann an dòighean amalaichte.

¹ Gheibhear mìneachadh an seo: <http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html>

² Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Thathar an dùil gun toir an luchd-ionnsachaidh piseach air sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a thathas an dùil a bheir luchd-ionnsachaidh air adhart tron Chùrsa stèidhte air *Frèam-obrach Sgilean* bho SQA: *Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair*, 's iad air an togail bho na prìomh raointean de sgilean gu h-ìosal. Feumaidh iad sin a bhith air an toirt a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh.

2 Àireamhachd

- 2.1 Modhan obrachaidh àireamhan
- 2.2 Airgead, uair agus tomhas
- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur-an-sàs
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus measadh

Ann an *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* tha leudachadh ri fhaighinn air na sgilean sin. Bidh ìre nan sgilean a' dol a rèir ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air a bhith a' toirt a-steach sgilean ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean cosnaidh airson a' Chùrsa ann an *Notaichean-taice a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An Giblean, 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean air Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Fiosrachadh a' chùrsa	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ùghdarrachite le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim air chùmhnannt nach togar prothaid on ath-riochdachadh agus, ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, gum bi creideas air a thoirt don tùs. Faodar tuilleadh lethbhreacan den t-sònrachadh seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Nota: Tha e air a mholadh gun toir thu sùil air làrach-lìn SQA (www.sqa.org.uk) airson dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire de Shònrachadh a' Chùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013